

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Clach Sgàin (1)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,308. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,004 corresponds to Litir 1,308. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Dè a' Ghàidhlig a th' air *The Stone of Destiny*? Tha mi cinnteach gun tuig sibh dè tha mi a' ciallachadh. A' chlach air an robh rìghrean – Albannach, Sasannach agus Breatannach – air an crùnadh thar nan linntean. Tha i a-nise ann an Taigh-tasgaidh Pheairt.

Tha ceithir diofar ainmean air a' chloich, a rèir an Fhaclair Bhig. Lia Fàil – ainm àrsaidh a tha cuideachd air clach ann an Èirinn. Clach-chrùnaidh na h-Alba '*the coronation stone of Scotland*'. Clach na Cinneamhain '*the stone of destiny*'. Agus Clach Sgàin '*stone of Scone*'. Tha i co-cheangailte ri Sgàin, faisg air Peairt, oir 's ann an sin a bhite a' crùnadh rìghrean na h-Alba anns an t-seann aimsir.

Tha mi air a' Chlach fhaicinn dà thuras nam bheatha. Tha bliadhnaichean mòra agus astar fada eatarra. An toiseach, chunnaic mi i ann an Abaid Westminster ann an Lunnainn. Bha i leth fhalaichte fo chathair-chrùnaidh Bhreatainn. Bha sin anns na seasgadan dhen linn a dh'fhalbh. Bha mi nam ghille beag.

An dàrna turas a chunnaic mi i, 's ann am-bliadhna a bha e. Bha mi ann an Siorrachd Pheairt agus chaidh mi a bhaile Pheairt a **dh'aona-ghnothach** airson a' chlach fhaicinn. Rinneadh obair leasachaidh mhòr air an taigh-tasgaidh. Dh'fhosgail e o chionn beagan mhìosan. Tha an togalach gu math spaideil. Agus ann am meadhan an taigh-tasgaidh, tha seòmair sònraichte anns a bheil a' Chlach. Tha i ann an suidheachadh tèarainte.

Feumar tiogaid fhaighinn airson a faicinn, agus leigidh iad le daoine dhol a-steach dìreach airson deich mionaidean. Tha iad a' sealltainn bhidio agus a' dèanamh aithris air crùnadh nan seann rìghrean ann an Sgàin agus beagan mu eachdraidh na cloiche.

Tha e iongantach cho cudromach 's a tha ìomhaighean do shluagh, nach eil? Chan eil anns a' chloich ach pìos de chlach-ghainmhich nach eil uabhasach dreachmhor. Ach 's e na tha i a' riochdachadh a tha ga dèanamh cho luachmhor. Nàiseanachas. Dileab. Fèin-aithne.

Bha a' chlach air a goid bho Sgàin le Eideard I, Rìgh Shasainn, ann an dà cheud deug, naochad 's a sia (1296). Bha Eideard cumhachdach. Bha e na nàmhaid mhòr do dh'Alba. Bha a' chlach air a toirt a dh'Abaid Westminster. Mar a thachair le rìghrean na h-Alba roimhe, bha rìghrean Shasainn air an crùnadh oirre. Bha i ann an Sasainn

airson seachd ceud bliadhna mus robh i air a gluasad air ais a dh'Alba, an toiseach a Chaisteal Dhùn Èideann.

Cha b' e sin a' chiad turas a dh'aontaich na Sasannaich a' chlach a thilleadh a dh'Alba. Ann an còrdadh co-cheangailte ri Cùmhnant Dhùn Èideann-Northampton, a thug aithne do dh'Alba mar rìoghachd neo-eisimeileach, dh'aontaich Rìgh Eideard III a' chlach a thoirt air ais. Bha sin ann an trì cheud deug, fichead 's a h-ochd (1328).

Carson nach robh a' chlach air a tilleadh an uair sin, ma-thà? A chionn 's gun do chuir gràisg ann an Lunnainn stad oirre. Bha Eideard lag mar Rìgh. Bha gu leòr ann an Sasainn mì-thoilichte mun chùmhnant. Agus dh'fhuirich a' chlach **far an robh i**.

* * * * *

Faclan na Litreach: Peairt: *Perth*; Sgàin: *Scone*; spaideil: *of fine, refined appearance*; tèarainte: *secure*; air a goid: *stolen*; nàmhaid: *enemy*; gràisg: *mob*.

Abairtean na Litreach: A' chlach air an robh rìghrean – Albannach, Sasannach agus Breatannach – air an crùnadh thar nan linntean: *the stone on which kings – Scottish, English and British – were crowned over the centuries*; tha bliadhnaichean mòra agus astar fada eatarra: *there are many years and a big distance between them*; leth fhalaichte fo chathair-chrùnaidh Bhreatainn: *half-hidden under the British coronation chair*; anns na seasgadan dhen linn a dh'fhalbh: *in the 1960s*; 's ann am-bliadhna a bha e: *it was this year*; rinneadh obair leasachaidh mhòr air an taigh-tasgaidh: *the museum underwent major development*; feumar tiogaid fhaighinn airson a faicinn: *a ticket must be obtained to see it*; leigidh iad le daoine dhol a-steach dìreach airson deich mionaidean: *they let people go in for just ten minutes*; tha e iongantach cho cudromach 's a tha ìomhaighean do shluagh, nach eil?: *it's amazing how important icons are to a people, isn't it?*; chan eil anns a' chloich ach pìos de chlach-ghainmhich: *the stone is just a piece of sandstone*; nach eil uabhasach dreachmhor: *that isn't particularly distinguished in appearance*; ann an Sasainn airson seachd ceud bliadhna: *in England for seven hundred years*; mus robh i air a gluasad air ais a dh'Alba: *before it was moved back to Scotland*; ann an còrdadh co-cheangailte ri Cùmhnant Dhùn Èideann-Northampton: *in an agreement connected to the Treaty of Edinburgh-Northampton*; a thug aithne do dh'Alba mar rìoghachd neo-eisimeileach: *that recognised Scotland as an independent kingdom*.

Puing-chànain na Litreach: dh'fhuirich a' chlach **far an robh i**: *the stone remained where it was*. Remember if you look at a dictionary and find càit for 'where', that this will only suffice for a question. Càit a bheil thu? 'where are you?' Far is used in some other constructions as in bha Anndra far am biodh dùil 'Andrew was where he would be expected'; fan far a bheil thu 'stay where you are'; far am bi an t-iasg, 's ann a bhios na h-eòin 'where the fish are, so are the birds' (proverb).

Gnàthas-cainnt na Litreach: chaidh mi a bhaile Pheairt a dh'aona-ghnothach airson a' chlach fhaicinn: *I went to the city of Perth deliberately to see the stone*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA